



Ceistean

Coimhead air duilleag 5.

1. (a) Dè tha sònraichte mu structar nan seantansan sa chiad pharagraf?
(b) Dè a' bhuaidh a th' aig structar mar seo?

2. (a) Dè an dà fhacal a tha an t-ùghdar a' cleachdadh, aig toiseach an dara paragraf, a tha ag innse gu bheil Naomi a' dùsgadh a-mach às a smaointean?
(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

Coimhead air duilleag 6.

“le blàthachadh deoch oirre”

3. Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn?

Coimhead air duilleag 7.

4. (a) Dè am meatafor a tha a' nochdadh sa chiad pharagraf?
(b) Dè a' bhuaidh a th' aig a' mheatafor seo?

“S rinn e gàire fuar, socair”

5. Ciamar a tha na faclan seo èifeachdach ann a bhith a’ togail dealbh dhuinn air nàdar an dràibheir?

“Leig a-mach mi sa charachadh!” dh’èigh i. “Leig a-mach mi! Fosgail na dorsan!”

6. (a) Dè am puingeachadh a tha air a chleachdadh an seo?
(b) Dè a’ bhuaidh a th’ aig an seo?

Coimhead air duilleig 8 , “An robh e...ri sin?”.

7. (a) Mìnich ceàird an sgrìobhaiche san dà sheantans seo.
(b) Dè a’ bhuaidh a th’ aig an seo?
8. (a) Dè am puingeachadh sònraichte a tha an t-ùghdar air a chleachdadh san t-seantans mu dheireadh?
(b) Dè a’ bhuaidh a th’ aig an seo?

Coimhead air duilleag 9.

9. (a) Dè tha sònraichte mun chiad pharagraf air an duilleig seo?
(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

10. Tagh faclan bhon teacsa a tha a’ dearbhadh gu bheil eagal air Naomi.

“Suas an staran. Suas an staidhre. Sìos an tranntsa.”

11. Dè tha sònraichte mun structar a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh airson am pìos seo den sgeulachd a chur an cèill?”

- 12. (a) Dè tha sònraichte mun dòigh anns a bheil am paragraf seo a' crìochnachadh?**
- (b) Mìnich carson a tha seo èifeachdach.**

Coimhead a-rithist air duilleag 10.

13. Nad fhaclan fhèin, inns carson a tha aire Naomi air “cò bha aig an doras”.

14. A bheil thu a' meas tiotal na sgeòil freagarrach?